





The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba


# Ar Facail Sealladh Seabhaig

Le Bun-sgoil Taobh na Pairce agus Magic Torch Comics





Seo Taigh Queensbury. Seo far am bi an t-Oifigear Riaghlaidh ag obair.



Tha an t-Oifigear Riaghlaidh air a thaghadh leis na BPA air fad.

'S e an t-Oifigear Riaghlaidh a tha os cionn nan deasbad sa Phàrlamaid, a' dèanamh cinnteach gun lean na BPA na riaghailtean.



Tha coltas ann gu bheil e a' dol don t-seòmar deasbaid. Feumaidh gu bheil deasbad ann feasgar. Nach tig sinn a thoirt sùil?



Feumaidh gu bheil an deasbad dìreach a' tòiseachadh. Seall, sin an t-Oifigear Riaghlaidh. Bidh na BPA a' seasamh nuair a thig e a-steach agus a' suidhe sìos nuair a shuidheas esan.

Saoil cò mu dheidhinn a tha an deasbad an-diugh?  
Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' dèiligeadh ri cùisean  
tiomnaichte, mar fhoghlam, slàinte, còmh-dhail...




...O 's e an àrainneachd a  
tha gu bhith ann. Sgoinneil.  
An cuspair as fheàrr leam.  
Tha an àrainneachd gu math  
cudromach do sheabhagan.

Tha mi an dòchas gum faigh  
iad air cùisean a chur ceart  
a-muigh an sin. Tha  
barrachd ri fhaicinn ge-tà.  
'S e seòmraichean  
comataidh a th'annta sin...




...tha iad falamh an-dràsta.  
Tha na BPA uile aig an  
deasbad. Ach an  
t-seachdain sa chaidh bha  
tòrr dhaoine a-staigh.

Bidh comataidhean a' coimhead  
air na laghan gus dèanamh  
cinnteach gur e deagh bheachd  
a th' annta.




Bidh iad a' coimhead ris na laghan  
a th' againn airson dèanamh  
cinnteach gu bheil iad ag obair.

Agus bidh iad a' rannsachadh  
chùisean airson faighinn a-mach  
dè bu chòir dhuinn dèanamh.





Tha rudeigin daonna a' dol air adhart ann, 's le sin uaireannan tha e math dìreach beagan fois a ghabhail sa ghàrradh no san fheur air a' mhullach.



...O saoil dè tha a' tachairt ann an Lobaidh a' Ghàrraidh. Tha e coltach gu bheil cuid de na BPA a' dèanamh agallamh.



Hè! 'S dòcha gum bi mi air na naidheachdan a-nochd.

£££



Sin a' Phàrlamaid agad. Àite trang a th' ann ach, nuair a smaoinicheas tu air, tha i a' dèanamh co-dhùnaidhean dhan a h-uile duine an Alba is airson Alba san àm ri teachd.

Tha tòrr aig a h-uile duine a th' ann ri dhèanamh agus ri smaoineachadh mu dheidhinn.

O! Calman!



Airson an tuilleadh a leughadh mu thogalaichean Pàrlamaid na h-Alba, dèan sgan air a' chòd QR le fòn no tablaid.

[@scotparl](http://www.facebook.com/scottishparliament)  
[www.parliament.scot](http://www.parliament.scot)  
0131 348 5000